

Tuarastal	TRUSAICHE PANNAIL MHEADHANAN GÀIDHLIG - FÒN
Làrach	£10 san uair
Seòrsa dreuchd	Obair bhon dachaigh
Uairean obrach	Sealach, pàirt-ùine (suas ri 6 seachdainean)
Ceann-là tòiseachaidh	Mu 35-45 uairean a thide rè nan 6 seachdainean.
	Cho luath 's a ghabhas

A bheil thu fileanta ann an Gàidhlig na h-Alba? Ceanglaichean làidir agad ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba? Ùidh ann an TBh agus na meadhanan? Ma tha, cuir tagradh a-steach gu ar sgioba aig TRP Research. Tha sinn ag obair le companaidhean mheadhanan air feadh na RA agus Èirinn gus fiosrachadh a thional mu chleachdaidhean amhairc, tro shuirbhidhean seachdaineil is làitheil.

TUAIRISGEUL NA DREUCHD

Tha sinn a' coimhead airson Trusaiche Fòn le ceanglaichean làidir pearsanta ri cànan is coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Alba. Tha an dreuchd a' leantainn suas ri 6 seachdainean, a' tòiseachadh sa bhad, agus a' cur ghairmean fòn gu buidheann de dhaoine fa leth stèidhichte sna h-Eileanan an Iar, a tha air a ràdh gu bheil ùidh aca a bhith com-pàrteach ann an suirbhidhean. Dh'fheumadh tu a dhaingneachadh gu bheil ùidh aca a bhith a' gabhail pàirt ann an aon de dhà de ar pannalan rannsachaidh, ma tha Gàidhlig aca, agus am fastadh chun a' phannail rannsachaidh iomchaidh.

Tha càch san sgioba againn air a leithid eile a dhèanamh agus air co-dhùnadh gu bheil iad nas soirbheachail air an fheasgar, san anmoch agus aig an deireadh-sheachdain, mar sin bhiodh an dreuchd seo freagarrach do neach a tha a' coimhead airson obair aig na h-amannan sin. Feumaidh cothrom a bhith agad air laptop/coimpiutair no inneal as urrainn dhut ùisneachadh gus faidhlichean Excel fhosgladh agus a dheasachadh, agus an t-eadar-lìon a chleachdadh.

San dreuchd seo, bidh tu:

- a' conaltradh ri buill den phoball le ùidh ann an com-pàrteachadh ann an suirbhidhean, timcheall air 500 gairm fòn.
- gan trusadh gus pàirt a ghabhail ann an suirbhidhean seachdaineach mu BBC ALBA agus Rèidio nan Gàidheal no suirbhidhean làitheil mu Netflix, Amazon Prime, Apply TV+ agus Disney+
- a' clàradh fiosrachaidh mu na gairmean fòn ann am faidhle Excel agus ann am foirm air-loidhne.

Bidh tu nad bhall de sgioba mhòr, a' gabhail a-steach feadhainn eile aig a bheil an aon seòrsa dhreuchdan trusaich. Tha an còrr den sgioba stèidhichte ann an Somerset, Sasainn agus a' Chuimrigh. Bidh tu ann an conaltradh leis an sgioba agus comasach air taic fhaotainn mar a bhios feum agad air tron latha obrach. Thèid làn trèanadh a thoirt seachad, agus tha comas ann air dreuchd nas fhad-amaill fhaighinn anns an sgioba.

SGILEAN AGUS EÒLAS

Tha sinn a' coimhead airson neach:

- a tha fileanta ann an Gàidhlig na h-Alba (sgrìobhte agus labhairte)
- aig a bheil eòlas air margaideachd, agus misneachail ann an conaltradh air a' fòn ann am Beurla agus Gàidhlig.
- aig a bheil ceanglaichean làidir le agus eòlas air a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba, gu h-àraid air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan.
- aig a bheil eòlas ann an cleachdadh Microsoft Excel.
- aig a bheil sgilean làidir eadar-chonaltraidh, eagraichte, agus comasach an dà chuid air obair air a c(h)eann fhèin agus taobh a-staigh sgioba.
- nas fheàrr buileach, le eòlas air GDPR, ach mura h-eil thèid trèanadh a thoirt seachad.



T +44 (0) 1823 424260
E careers@trpresearch.com
W www.trpresearch.com

Wellington House, Queen Street,
Taunton, Somerset TA1 3UF

MODH TAGRAIDH

Airson tagradh, cuir an CV agad air post-d gu Rosalie aig careers@trpresearch.com. Thoir an aire, mar thoradh air Covid-19, tha sinn gu làithreach a' dèanamh ar n-agallamhan uile air a' fòn agus air coinneamhan bhidio.

Ceann-latha deireannach airson tagraidhean air **Dihaoine 16^{mh} Iuchar**. Is e fastaiche co-ionannachd chothroman a th' ann an TRP Research Earranta.



TRP Research Ltd
Company No. 3825912
Registered in England.
VAT no. 743504251